



Fàs Mòr



An Gearran/February 2010

HAIDH A H-UILE DUINE!

Bliadhna mhath ùr dhuibh, agus tha sinn an dòchas gun robh deagh làithean saora agaibh aig àm na Nollaig! Tha coltas air a' chloinn gu bheil iad toilichte a bhith air ais còmhla rinn ann am Fàs Mòr, agus tha sinn an dòchas gu bheil bliadhna thrang, inntinneach, agus làn ghnìomhachdan agus phròiseactan ùra romhainn!

Nach toir sibh sùil air ar naidheachd gu ruige seo...

Dè tha an dèidh a dhol ann am Fàs Mòr?

Fhuair sinn tabhartas de theallaich spòrs is eacarsaich dha chlann eadar 18 mìosan agus 3 bliadhnaichean a dh'aois (*TOP start* agus *TOP Tots*) bho TAIc (Comhairle nan Sgoiltean Àraich); tha sinn air leth taingeil airson sin. Chaidh na stuthan a chruthachadh le buidheann charthannais ('Youth Sport Trust'), gus am bi clann òga a' fàs eòlach air geamannan sìmplidh is làn spòrs bhon a tha iad glè òg. Tha Fàs Mòr an dèidh amannan sònraichte a chruthachadh airson na gnìomhachd seo a chumail gach seachdain, agus le sin, tha deagh chothrom aig a' chloinn a bhith ri eacarsaich is a' leasachadh an cuid sgilean fiosaigeach.

Tha na stuthan a chleachdar feumail, sàbhailte, agus freagarrach do dh'amasan foghlaim, agus tha an stoidhle aca (làn dhàthan eadar-dhealaichte!) tarraingeach dhan a' chloinn.

Bidh na seiseanan seo a' tachairt gach Dimàirt, 10.30m-11.30m ann an Talla Dhonnaidh Chaimbeil (an talla anns a' phrìomh-thogalach) aig SMO. Gheibhear clàr-ama a dh'aithghearr gus faighinn a-mach dè tha sinn ris tro na seiseanan! Mura bi ur pàiste ann am Fàs Mòr Dimàirt mar as àbhaist, ged a bhiodh ùidh aca anns a' ghnìomhachd seo, nach leig sibh fios dhuinn.

A bharrachd air sin, tha luchd-obrach FM ag obair air plana leasachaidh dha chlann eadar 0-3 bliadhnaichean a dh'aois, agus dhan fheadhainn fo aois sgoile (3-5). Tha na beachdan is gnìomhachdan stèidhichte air sreath de leabhraichean a fhuair sinn bho bhuidheann NHS na Gàidhealtachd agus Comhairle na Gàidhealtachd, "Cluich aig an Taigh"; agus 's ann airson sgilean fiosaigeach, sgilean a thaobh faireachdainn agus sgilean cànan is conaltraidh a leasachadh a tha iad. Thàinig oifigear leasachaidh bho CALA a' ceilidh oirnn an-uiridh gus sealltainn mar a chleachdas tu na beachdan bho "Cluich aig an Taigh". Tron bhùth-obrach a bha seo, rinn sinn taois-chluich còmhla ris a' chloinn is bha cothrom aca cluich le taois stigeach eile cuideachd.

Airson tuilleadh fiosrachaidh air "Cluich aig an Taigh", bruidhnibh ri luchd-obrach Fàs Mòr.



Tha sinn airson taing a thoirt do Sam Brogan agus Isaac Williamson bho Chomhairle na Gàidhealtachd; fhuair sinn tabhartas de dh'aodach dìonach agus botannan airson cloinne fo aois 5 bhuapa. Tha a' chlann glè mheasail air an aodach agus na botannan is bha iad air leth feumail dhuinn sa gheamhradh seo: fhuair sinn tòrr cothroman a dhol airson cuairtean san t-sneachd, ann an deise freagarrach!



Bhon a tha sinn fada nas trainge a-nis na b' àbhaist dhuinn a bhith mu àm lòn (tha tòrr chloinne a' tighinn gu Fàs Mòr às dèidh Sgoil Àraich a-nis), bu toil leinn iarraidh air na pàrantan/luchd-cùraim gun a bhith a' fònach eadar 12-1.30f (mura h-eil sibh ann an èiginn!) - gu h-àraidh Diluain agus Dimàirt.

Club na Sgoile

Tha a h-uile duine an dèidh a bhith gu math trang ann an Club na Sgoile san teirm seo! Cheannaich sinn dèideagan ùra ro Nollaig, Lego Star Wars agus thug Shonagh dhuinn seann bocsaichean Lego a bh' aice, agus tha a' chlann fìor chruthachal ann a bhith a' cur togalaichean, rocaidean is robots msaa ri chèile leis! Nam b' urrainn dhuibh sùil a thoirt air na h-innealan a leigeadh dhuibh siubhail tro amannan eadar-dhealaichte, no na rocaidean airson falbh dha na speuran - cha chreideadh sibh cho sgoinneil 's a tha iad a' coimhead! Nuair a thàinig buidheann bheag de Shami a' tadhail oirnn seachdain sa chaidh, bha Róisín cho math agus a' mìneachadh dhaibh an inneil air an robh i fhèin ag obair. Chòrd an t-inneal siubhail dha na Sami gu mòr!



A bharrachd air sin, tha sinn an dèidh a bhith a' cruinneachadh bhocsaichean is pàipear cruaidh mar phàirt den phròiseact ath-chuairteachaidh, agus tha a' chlann gan cleachdadh airson ealain. Ma tha sibh fhèin airson cuidhteas fhaighinn de rudan a bhiodh feumail airson ealain, nach toir sibh gu Fàs Mòr iad!

Tha sinn toilichte gun deach clàr-bìdh ùr airson Club na Sgoile a chur ri chèile leis a' chloinn o chionn ghoirid. B' e Leo an stiùiriche is rinn e fhèin cruth is coltas-duilleig air a' choimpiutair! A-nis, am measg greimeannan bìdh a leithid maidsichean arain, measan, glasraich amh, gràn, toast is crackers le càise, bidh barrachd bìdh a tha sinn fhìn a' dèanamh air a' chlàr a-nis: m.e. pannagain, mini-pizzas, bonnach msaa.

Tha barrachd bheachdan againn airson phròiseactan eile dha Club na Sgoile, ach bhiodh e math ur beachdan fhèin a chluinntinn cuideachd. Am biodh e a' còrdadh ribh nam faigheadh a' chlann cothrom cànan eile ionnsachadh ann am Fàs Mòr (m.e. Gearmailtis), no innealan-ciùil? Bhiodh na gnìomhachdan sin a' tachairt ann an dòigh mì-fhoirmeil is socair, gus am bi a' chlann ri spòrs math fhad 's a tha iad ag ionnsachadh rudeigin ùr! Dè ur beachd?



Club Karate

'S ann làn thoileachais as urrainn dhuinn fios a leigeil dhuibh gun deach a h-uile duine à Club Karate a thòisich san t-Sultain air adhart dhan ath-chrios (uaine is geal)! Meal-a-naidheachd dha Erin, Aoife, Rachel, Ewen, Róisín agus Malachy! Tha a' bhuidheann againn air fàs gu math mòr tron bhliadhna (mu 19), agus fhuair a h-uile duine aca teisteanas ùr o chionn ghoirid, a' sealltainn gu bheil iad deiseil airson an ath cheum!

Mòran taing dhan chlann agus pàrantan a thàinig dhan taisbeanadh Karate (deireadh an Dùbhlachd 2009), a chaidh a chur air dòigh ro Nollaig, gus cothrom a thoirt dhan chlann a bhith a' sealltainn cho math 's a tha iad a' faighinn air adhart ann an Karate! Chaidh cùisean glè mhath san fheasgar sin, agus tha mi an dòchas gum bi cothrom againn seo a dhèanamh nas trice!

Tha sinn a' smaoineachadh air siostam pàigheidh eile airson Karate an-dràsta, agus bhiodh e air leth cuideachail nam b' urrainn dha pàrantan/luchd-cùraim innse dhuinn am b' fheàrr leotha pàigheadh, m.e. airson gach teirm (ro-làimh)an àite gach seachdain? Bidh Sìleas no Kirsten toilichte ur beachdan a chluinntinn!

Luchd-Obrach

Tha sinn air leth toilichte gu bheil Shonnie air ais ann an sgioba luchd-obrach Fàs Mòr a-nis! Tha i an dèidh tòiseachadh an t-seachdain seo fhèin agus bidh i ag obair còmhla rinn gach Diciadain agus Diardaoin eadar 8.45m agus 2.45f.

Tha an luchd-obrach fhathast a' dèanamh adhartas air na teisteanais SVQ aca, agus tha sinn uile an dùil barrachd trèanadh fhaighinn tro na sgeamannan leasachaidh CPD (Continuing Professional Development) agus CALA (Care and Learning Alliance). Tha Kirsten an dèidh a bhith soirbheachail ann an Cùrsa "Automated External Defibrillation" (An Lùnastal 2009), agus ghabh i pàirt ann an cùrsa fad dà latha air trèanadh rianachd (leis a' chompanaidh Pinnacle Development and Coaching Ltd.) o chionn ghoirid. Tha sinn airson cur ann an cuimhne phàrantan is luchd-cùraim gu bheil a h-uile neach-obrach air cùmhnant buan aig Fàs Mòr an dèidh trèanadh bunaiteach a choileanadh ann an Ciad Chobhair, Dìon Cloinne, agus Slàinteachas Bidh. A bharrachd air sin, tha manaidsèar FM agus neach-cathrach Bòrd-Stiùiridh FM an dèidh obair leasachaidh a dhèanamh air "Prògram Trèanadh Luchd-Obrach", le taic bho roinn Acfhainn Daona na Colaiste, agus bidh cothrom aig pàrantan agus luchd-cùraim coimhead air nuair a bhios e deiseil.

Facal bho Neach-Cathrach Bòrd-Stiùiridh Fàs Mòr

Bidh a' chuid as motha agaibh mothachail mar-thà gun deach buill ùra a shònrachadh dha Bòrd-Stiùiridh FM o chionn greiseag, agus le sin, tha riochdairean sònraichte againn a-nis airson phàrantan/luchd-cùraim, airson na coimhearsnachd farsaingeach agus airson SMO. Bhiodh e air leth feumail nam b' urrainn dhuibh a bhith ann an conaltradh le buill a' Bhùird gus beachdan a thoirt seachad (biodh iad a' dèanamh moladh no eas-moladh)! Lorgaidh sibh fiosrachadh (àireamhan fòn, post-d) anns a' chuairt-litir seo.

Tha sinn fèin-sgrùdadh ga dhèanamh ann am Fàs Mòr an-dràsta fhèin, agus dh'èirich a' cheist am biodh e gu feum uairean fosglaidh FM atharrachadh gu 8.15m-5.45f. Nach tig sibh air a dh'innse dhuinn am biodh sibh airson Fàs Mòr a chleachdadh aig na h-amannan seo, agus nam bitheadh, dè cho tric agus dè na làithean?

Chaidh tuairisgeul a chur ri chèile de dh'obair a' Bhùird, gus am bi e soilleir dhuibh dè tha an urra ris a' Bhòrd. Gheibhear leth-bhreac den tuairisgeul ann an trannsa Fàs Mòr, ach mura h-eil e ri lorg an sin, nach fhaighnich sibh de luchd-obrach FM. Ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh obair a' Bhùird, nach leig sibh fios dhuinn.

Bidh am Bòrd-Stiùiridh a' coinneachadh gu cunbhalach, agus bidh leth-bhric de chlàr-gnothaich, geàrr-chùnntas agus cùisean-gnìomha bho gach coinneimh rim faighinn anns an trannsa. Lorgaidh sibh an aon fhiosrachadh air ar làrach-lìn a dh'aithghearr. Nan robh sibh airson leth-bhreac fhaighinn ann am post-d, chan eil agaibh ach fios a leigeil.

Tha sinn an dèidh iomadh tachartas a chumail gus airgead a thogail dha Fàs Mòr: Cafaidh na Fèise (An t-Iuchar 2009), Cafaidh Srùpag (24mh An Dàmhair 2009), cuideachadh le lìonadh-bhagaichean anns a' Cho-op (24mh An Dùbhlachd 2009), a' cruthachadh is a' reic cairtean Nollaig FM. Tha sinn airson taing a thoirt do phàrantan/luchd-cùraim, agus a h-uile duine eile a bha gar cuideachadh. Bhiodh fàilte ro dhuine sam bith a

thigeadh dha na tachartasan seo agus bhiomaid an comain duine sam bith a dhèanadh fuine no a bheireadh seachad duaisean rafail air an son.

Airson Fàs Mòr a chumail a' dol agus a leasachadh, tha e deatamach gum bi taic ann bho phàrantan/luchd-cùraim agus bhon choimhearsnachd!

Chleachd sinn an t-airgead a chaidh a thogail airson dèideagan a cheannach air an robh luchd-obrach agus a' chlann a' beachdachadh còmhla ro-làimh. A bharrachd air sin, thèid inneal-nighe shoithichean a cheannach, gus am bi sinn comasach cùisean slàinteachais a leasachadh agus a bhith a' gearradh sìos air an ùine a th' againn ri chur seachad a' glanadh.

'S e am prìomh-amas againn a-nise a bhith a' togail airgid gus an tèid an làr dùbh anns an raon-chluich atharrachadh. Fhuair sinn cead bho Care Commission na taidhlichean dubha a thoirt às agus fiodh (decking) a chur sìos nan àite. Tha sinn an dèidh quote de £1,704.96 [+ VAT] fhaighinn airson nan stuthan a bhios a dhìth. Tha sinn an dòchas gum bi sinn soirbheachail a' togail airgead airson sin tron ath Latha Fosgailte againn (6mh An Gearran 2010)!

Tha sinn ag obair air iarrrtas airson airgead-taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd a-nise, agus bidh buill a' Bhùird a' coinneachadh ri Bòrd na Gàidhlig a' mhìos seo gus bruidhinn air airgead-taic 2010/11.

Tha sinn airson iomradh a thoirt air an taic a tha Fàs Mòr an dèidh fhaighinn gu cunbhalach bho SMO cuideachd.

Tha Kirsten dìreach an dèidh an siostam ionmhais (fàirdeil agus a leithid) ùrachadh, agus chuireamaid ìmpidh air daoine gun a bhith tuilleadh is fad a' cur thugainn na th' aca ri phàigheadh..

Thadhail an Care Commission air an ionad air an 5mh lath san t-Samhain 2009, agus tha sinn airson taing a thoirt dha luchd-obrach agus buill a' Bhùird airson an obair ullachaidh a rinn iad ro-làimh, agus air latha an sgrùdaidh fhèin.

B' urrainn dhuibh leth-bhreac de dh'aithisg Coimisean a' Chùraim fhaighinn, ma tha sibh ag iarraidh sùil a thoirt oirre. Thòisich sinn ag obair air plana leasachaidh a bhios a' freagairt nam molaidhean is beachdan leasachaidh a rinn an coimisean anns an aithisg.

Tha obair leasachaidh ga dèanamh an-dràsta air an làrach-lìn a th' aig Fàs Mòr:
<http://www.fasmor.org.uk/index.asp>

Taing mhòr do Vanessa Lopez, riochdaire nam pàrantan air a' Bhòrd, airson sàr obair, sanasan mìorbhaileach agus airson dreach ùr na cuairt-litreach, agus gach deagh dhùrachd thuice airson a fòrladh màthaireil!

Sheila M. Hamilton, Neach Cathrach Bòrd-Stiùiridh, Fàs Mòr

Manaidsear: Kirsten Shearer

sm00kma@uhi.ac.uk

Leas-Mhanaidsear: Sìleas Landgraf

sm00sl@uhi.ac.uk

Bòrd Stiùiridh:

Neach-Cathrach: Sheila Hamilton

Angela MacGillivray

Vanessa Lopez

Donnchadh Scott

Flora MacLean

Coleen MacKinnon

Fàs Mòr

Sabhal Mòr Ostaig

Slèite

An t-Eilean Sgitheanach

IV44 8RQ

01471888366/367

Àireamh clàraidh na companaidh: 263270





|

